6. 8.

H. M. 316.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

1599

Àireamh I.

Prìs dà sgillinn;
Leis a' Phosd, trì sgillinnean

TEACHDAIRE NAN GÀIDHEAL.

"Is Cumhachd Eolas."

Ri linn do THEACHDAIRE NAN GAIDHEAL teannadh ri saoithreachadh 'am measg na muinntreach sin do'm b' àill leis a bhi na sheirbheiseach dìleas, agus bho'm bu mhiann leis fàilte fhuranach a's aoidheachd shuilbhearra fhaighinn 'an tùs a thurais, is cinnteach gur math leothasan bho'm bheil dùil aige ris a sin fhaotainn fiosrachadh a chluintinn mu na bnaidhean àrda agus na béusan comharaichte leis am bi e a' tagradh an deagh rùin agus an coimhneis chridheil. 'S dù dhaibh gu'm biodh iad amhurrasach mu dheighinn fir ùir a theachd 'nam measg an deigh mar a dh' fhairtlich air gach fear eile a chuireadh roimhe so g'an ionnsaidh anns an éideadh cheudna, soirbheachadh. Ach 'se sin an t-aou ni is motha 'tha toirt misnich do "Theachdaire nan Gaidheal." Chunnaic e a chreag air an do sgoilt càch, agus cumaidh e bhuaipe. S' aithne dha an slochd anns do thuit iad, agus seachnaidh se e. 'Si ar barail na 'n gabhadh iad comhairle Chluig Sgàine, "An rud nach buin duit na bnin da," gu'm bitheadh iad na b'fhearr dheth. Dh' fhaoidhte gu'n abair cuid gu'n smaoinich am fear a tha na thàmh gur e fein is fearr làmh air an stiùir, agus gu'n can cuid eile nach math is aithne dhuin féin ciod e a bhuineas duinn agus ciod nach buin. Gidheadh feuchaidh sin ri leigeadh fhaicinn daibh nach eil dalladh-eun air air suilean.

Mar Theachdaire nan Gaidheal buinidh e dhuinn fiosrachach a chraobh-sgaoile 'nam measg mu gach cearn de'n t-saoghal; gach cogadh agus cònspaid a bhios eadar rioghachdan mòr' an domhainn: cunntas a thoirt doibh gu fada farsuinn mu naigheachdan coitchionn Bhreatuinn, agus gach dùcha a bhuineas dith; air staid malairt a's marsandachd; margainean féudalach, clòimhe, gràin, feola, agus gach seorsa teachd-an-tir; mu sgiorainean a's fhrid-fhortain air muir agus air tir; beachd geurchuiseach mu leabhraichean ùra Gaelig, agus an drasta 's a rithisd gearr eachdrainean air Finneachan agus air cogadhainean nan laithean a' thréig. Ann an aon fhacal, buinidh dhuinn gach ni a dheanamh is urrain sinn chum glioeas agus eolas aimsreil, deagh fhearas-chuideachd, agus cridhealas neo-lochdach, ar luchd dùcha a mheudachadh, gun aobhar oilbheum a thóirt dhaibh-san nach aontaich leinn anos gach cùis.

Air an laimh eile, cha bhuin e dhuinn eolas spioradail a chothlamadh suas maille ri seanachasan saoghalta, no ceisdean sgriobtarail a thoinneamh mu'n cuairt air conaltradh aimsreil. Cha bhuin e dhuinn dreuchd na Cléire a ghabhail fos laimh, cha'n eil còir no iarrtas againn air; ach ma shaoileas sinn gu'n teid iadsan uair sam bith *thair a' chaile*, biodh iad *daor* no *saor*, c'arson nach tugadhmaid sgaile 'am bun na cluaise dhaibh, san dol seachad, cho cruaidh sa bheireadhmaid do neach eile? Cha 'n eil fiuthair againn ri cuideachadh ach bho fhìor bheagan dhiu, agus bho chàch cha'n iarr sinn de chaoimhneas 'uapa ach an Teachdaire a ghabhail, agus iad a phaigheadh gu riaghailteach air a shon. Tha sinn làn chinnteach gu'n dean cuid diu so. Cha bhuin e dhuinn àite a thoirt do dh' aon fhacal a bhios a' cur cràbhaidh no dheagh bheusan ann an neo-mheas, agus gun bhuintinn ri dréuchd na cléire, cha dean sin dearmad orra so a chumail a suas le'r n-uile chridhe. Dh' ainmicheadh a nis a gharbh-chuid de na nithe 'tha sinn a deannamh dheth a bhuineas agus nach buin duinn.

Teachdaire nan Gaidheal.

GLASCHU, CEUD MHIOS A' GEAMHRAIDH, 1844.

Is gann a ruigeas sinn a leas innseadh gu'n ro a Bhan-righ a' tuineachadh car thrì seachdainean 'am Blàr-Athull, air chéilidh aig Moraire Ghlinn-liobhainn. Tha fios aig air luchd dùcha 'cheana mu gach ni a thachair fhad sa dh' fhuirich i 'sa Ghaidhealtachd. Cha'n eil teagamh againn nach tig i air a h-ais an ath-bhliadhna a chur failt' eile air luchd-aiteachaidh nan gleann nam beann 's nam breacan. Mu'n d'falbh i dh'fhag i cend punnd sasunnach gu 'bhi air an roinn 'am measg sluaigh bhochd na sgìreachd.

Bha Rìgh na Frainge o chionn ghoirrid, latha no dha air aoidheachd aig a Bhanrigh 'an Sasunn, agus cha robh, càirdeas, meas, no aoidhealachd, a b'urrainn di a thaisbeanadh dha nach do rinn i. Thug gach uasal a's iosal de'n t-sluagh urram rìoghail dha anns gach sràid a's àite 'san do nochd se e féin. An deigh dha dlù air seachdain a chur seachad le mòr thoiliuntinn, dh' fhalbh e dhachaidh air di-luain an coigeamh latha deug de'n mhlos mu dheireadh, agus rainig e a rìòghachd féin gu sàbhailte trà air feasgar an ath latha. Mu'n d' fhàg e lùchairt rìòghail *Windsor* thug e sea bocsaichean snaoisein òir 'sa dhealbh fein cuairtichte le daoimeinean, air am brodaibh, do na h-àrd uailsean a bha friothaladh air, agus fainneachan a's bràisdean rìomhach òir do na Ban-tighearnan a tha friothaladh air a Bhan-righ. Thuilleadh air a so, dh'fhàg e mìle punnd sasunnach gu bhi air an roinn 'am measg nan seirbheasach eile. 'Se so a cheud Rìgh Frangach a thainig riamh air aoidheachd do Shasunn.—Bha, mar an ceudna, Iompaire Russia, Rìgh *Shaxony*, Prionnsa Lochlainn agus Prionnsa no dha rìoghail eile air aoidheachd aice air an t-samhradh mu dheireadh. Is taitneach an ni a bhi faicinn cinn chrùinte, mar so, a'taghal air a cheile ann an càirdeas agus ann an sìth.

CHINA.—Bho na chaidh an Rìoghachd bhòsdail so a cheannsachadh leis an arm Bhreatunnach, o chionn corra sa bliadhna, chaidh gach malairt a b' àbhaist a bhi eadaruinn agus na Cinésich a mheudachadh gu mòr. Tha iad a nis' a faicinn gur e 'bhi ann an sìth ruinn is fearr agus is prodhaitiche dhaibh féin, 'sa nochda toil malairt a dheanamh ruinn air doigh chothromaich a's cheart. Tha cunntas fàbhrach, cuideachd, mu'r malairt ris gach cearn' eile de dh' Innsean na' h-aird'-an-Ear—soithichean marsandachd a' seoladh air an ais a's air an aghaidh, ni's lìonmhoire a h-uile mìos.

TAHITI.—Tha cuid am barail gu'm faod an t-eilean so, a tha na laidhe ann an cuan dcas Innsean na h-aird'-an-Ear, a bhi na aobhar cogaidh eadar Breatunn 's an Fhraing. Fhuaras a mach an t-eilean so an toiseach le saothach Breatunnach anns a bhliadhna 1767. Da bhliadhna dheug 'ar fhichead an deigh sin thug Rìgh na dùcha ecarb mhòr de thaobh tuath an Eilein thairis mar sheilbh do mhinisteirean a chaidh a null a' Sasunn 'chum an soisgeul a shearmonachadh. Chaidh an saothair a bheannachadh, thionndaidh an Rìgh agus an sluagh uile bho shaobh-chràbhadh, agus bho'n àm sin gus an lath' an diu, tha iad ga'n cunntas féin fo thearmuinn Bhreatuinn agus Breatunn ag agairt uachrannachd thairis orra-sa. O chionn ghoirid, gun chòir gun cheartas, ghabh Luingeas Frangach seilbh air an Eilean mar gu'm buineadh e do rìoghachd sin, agus b'eigin do'n Bhan-righ, *Pomaré*, teicheadh air bòrd luinge Breatunnaich a bha aig an àm am fagus; ach o nach robh òrdugh sam bith mu'n chuis aig a Chaiptein, chan' fhac e ceart dol 'san eadruigin ni b'fhaide na ise a dhiòn. Leis a so b'eigin do na eileanaich bhochda geilleadh, cha b'ann g'an toil, ach cha robh atharrachadh 'nan comas aig an àm. Chum braighdneas nam Frangach a sheachnadh, thug cuid mhor de na nàisdinnich daighneachadh nam beann orra, gus an sònraichcadh iad an doigh a b'fhearr air dìòghaltas fhaighinn air an naimhdean. Cho-aontaich na h-uibhir de sheoladairean a bhuineadh do'n Roinn Eorpa agus do dh' America còmhnadh leotha, agus tha'n cunntas mu dheireadh a rainig sinn ag innseadh gu'n do bhrùchd na nàisdinnich agus iad so 'nuas as na beanntaibh air camb nam Frangach. Chaidh iad 'nam bad le duinealas a's le diorras—ann an tiota b'eigin do na saighdearan Frangach an gunnaichean a thilgeal bhuapa, agus am feum a b'fhearr

a b'urrainn daibh a dheanamh de'n easan. Chaidh mu cheithir fichead diu 'mharbhadh, agus cha robh call nan nàisdinnich ach fior bheag. Ged a bhuidhinn iad, mar so, buaidh-làraich 'sa cheud dol a mach, is cinnteach sinn gu'n diòl iad gu daor, daor, air a shon, oir tha'n cunntas ceudna ag ainmeachadh gu'n robh an Luingeas Frangach a dol mun cuairt air an eilean a' losgadh air gach tigh a's dainguneachadh air an ruigeadh peilear, a' mortadh mhnathan agus clainne. Is cruadalach ri smaoineachadh gu'm faod na daoine truagha so 'bhi air an sgrios agus an Eilean boidheach a bhi air a chreacha, mu'n urrainn cobhair an ruigheachd. Cha'n eil e coltach gu'n leig Breatunn le gnothach co maslach stad an so, gu'n ceadaich i fuil a cuid daoine 'an tìr chéin a bhi air a dòrtadh, gun thoirt air na ciontaich diola air a shon. Cha ghabh e innseadh fhathasd ciamar a bhios a chuis so air a sochdrachadh, ach tha e soillear nach urrainn an Rioghachd so laidhe fo leithid a thàmailt gun dioghaltas agairt.

Tha'm faogharadh cruinn anns gach cearna de'n dùthaich. Bha toradh tròm, de gach seorsa barra, air Galldachd a's air Gaidhealtachd. Tha pailteas béidh anns an tir; malairt, ceird a's cosnadh 'an staid mhath, a's coslas orra marsuinn. Cha robh bho cheann iomadh bliadhna a leithid de dh' aobhar taingealachd aig muinntir na ríoghachd so.

Malairt.—Chithear o'n chlàr a leannas gu bheil malairt na Rioghachd a' dol gu mòr na's fearr. Tha'n clàr air a dheanamh suas mar gu'm biodh gach bliadhna a criochnachadh le mios meadhonach an fhogharaidh. 'Sa' bhliadhna 1843 chaidh luach 10,702,438 punnd sasunnach de dh' aodach cotain a chur thairis; 'sa' bhliadhna 1844, luach 12,792,034 punnd sasunnach. De shaoithchean creadha, 'sa' bhliadhna 1843, luach 405,134; 'sa' bhliadhna 1844, luach 528,436; de bhathar cruaidh, 'sa' bhliadhna 1843, luach 1,099,766, 'sa' bhliadhna 1844, luach 1,438,298; de dh' aodach lìn, 'sa' bhliadhna 1843, luach 1,852,709, 'sa' bhliadhna 1844, luach 2,111,821; de mhiotailtean, 'sa' bhliadhna 1843, luach 3,405,568; 'sa' bhliadhna 1844, luach 4,136,982; de dh' aodach cloimhe, 'sa' bhliadhna 1843, luach 4,374,212; 'sa' bhliadhna 1844, luach 6,152,880.

Australia.—Chunnaic sinn an làth' roimhe sealladh de litir a's an dùthaich so, a thainig bho mhnaoi uasail mheasail a dh'fhag Muile o chionn còr a's bliadhna. Tha i ag ràdhainn "Do dhuine aig nach eil a bheag no mhòr de dh' airgiod cha'n eil àit air an t-saoghal is measa nan dùthaich so; ach do neach aig a bheil beagan airgid, no teachd-a-stigh riaghailteach, cha'n eil dùthaich sam bith anns an urrainnear teachd beo co saor. Tha aodach a's àirneis taighe cho saor a's tha iad aig an taigh. Tha teachd-an-tir fior shaor an so—mairt-fheoil a's muilt-fheoil de'n t-seorsa 's fhearr dà sgillinn am punnd; an ti uaine is fhearr ochd-sgillinn deug; siucar math donn dà sgillinn, a's am fear geal còig sgillinnean; am buntàta dà phunnd shasunnach an tunna—cho saor 'sa bha mi ga fhaotainn 'am Muile; ìm sea sgilinnean am punnd. Tha uibhean daor—dà thastan an dusan. Mâl taighe fior shaor, gu'n chìsean sam bith na dhéigh. Thuinich mi trì miosan 'am *Melbourne*—bha taigh snasmhor agam, ann an aite taitneach de'n Bhaile, 's an robh seomar suidhe, dà sheomar leapach, citsin, seilear, a's stàbul; agus so uille air-son crùin 'san t-seachduinn. Sea miosan roimhe so bha cheart thaigh a' paigheadh dà phunnd shasunnaich 's an t-seachduinn. Leigidh so fhaicinn duit cho gann 'sa tha airgiod 'san dùthaich so an ceart uair."

America aig an dorus.—Rinn am Bata-toite, am *Britannia*, an turus mu dheireadh, bho thìr gu tìr, ann an sea laithean a's ochd uaire déug! Fairtlichidh so air Eachann Tirisdeach e fein, ged is luath an *Smac* dhubh.

CALL BÀT-IASGAICH AGUS CEATHRAR DHAOINE.

Dh' fhàg am bàta mi-fhortannach so, do'm b'ainm *Venus, Dunbar* le luchd sgadain, o chionn cheith'r la deug, gu dol do Bhaile-cliath 'an Eirinn. Sheol i air di-luain—bha 'ghanth fàbharach ach fior làidir. Mar a bha iad a' dol seachad air còrsaibh Ghallthaobh shrachd na siùil, agus b'éigin daibh stiuradh gu Bàgh-mhic-na-céirde, air taobh tuath Bhail' Ùig. Rainig iad am Bàgh goirid an deigh bristeadh an latha air di-ciadain, agus thilg iad a mach tri acraichean. Ged a shéid a ghaoth gu h-namhasach fad an latha, cha do smaoinich an Sgiobair gu'n robh iad 'an ro chunnart; ach mu uair 'sa mhaduinn air dir-daoin, chaidh 'n stoirm ni b'egalaiche—bhrist am Bàta bho na ceanglaichean, agus thionndaidh iad i gu tìr. Air dhith bualadh air a ghainmhich, cha b'fhad gus na bhrist an ceann deiridh aice air falbh, agus b'éigin do'n sgioba na croinn a thoirt orra. Aig an àm so, bha'n fhairge na beamtaibh gailbheach, a' taomadh thairis air a Bhàta, a's i a' bualadh gu tròm air a ghrunnd. 'Nuair a thug iad tiota beag an crochadh mar so ris na croinn, thuirt fear de'n sgioba, ma thruaigh'! an t-aon fhear a chaidh a shàbhaladh, ri càch, gu'n robh e 'cur roinn e féin carbsa ris a' mhuir, agus chomhairlich e dhaibh, na'n ruigeadh esan tìr, iad féin carbsa air an doigh cheudna—gu'n robh e soilleir nach b'fhad a bhiodh clàr ri chéile. Air dha tonn thròm bhuaireasach fhaicinn a' tighinn, thilg se e féin gu dàna air a h-uchd, a's cha b'fhada gus an robh e air a sguabadh gu sàbhailte air tir-mòr! Gu'n robh taingealachd mhor na chridhe 'n tra gabh e a chasan, co is urrain a chuir an teagamh? Lean e gu dlù air tilleadh na tuinne cho fad 'sa bha 'na chomas, a' glaodhaich r'a chompanaich iad 'gan tilgeadh féin thar bòrd; ach bha 'ghaoth a' séideadh co cruaidh 'na aghaidh a's gu bheil e a' smaoineachadh nach cual iad e. Thug e an t-aite còmhnaidh bu dlùith' air le cabhaig, far an do ghabh daoine còire ris gu caoimhneil. Air dhaibh an tràidh a ruigheachd an aithghearra—sgéul na truaighe—cha robh mac màthar r'a fhaicinn de'n cheathrar a dh'fhàg eair bòrd!—bha 'n cladach air gach taobh air a chòmhdach le bloidean briste de'n t-saothach. Bha'n Sgiobair 'na bhantraich—dh'fhàg e aon nigheann ann am Port-an-aisig, agus cha'n eil ach goirrid bho na phòs fear de na lamhan. Bha ceithir cheud as trì baraillean deug 'ar fhichead de sgadan air bòrd. 'Nuair a dh'fhàg an cunntas mu dheirreadh Ùig cha d'thainig ach da bharaille gu tràigh, agus cha deachaidh a h-aon de na cuirp fhaighinn.

MORTADH A'S REUBAIN AIR FAIRGE.

Chaidh mortadh a's réubain oilleil a ghnàthachadh ann an Innseanna h-Aird'-an-Iar, o chionn càraid mhiòs, air sgioba saoithich a bhuineadh do Ghlaschu do'm b'ainm am *Pomona*. Sheol i á Glaschu gu *Jamaica* mu mheadhoin céud mhios an t-samhraidh. Air dhith an t-eilean sin a ruighe-achd gu sàbhailte, fhuair i luchd ùr, as sheol i dhachaidh. Cha robh iad ach trì làithean air fairge 'n uair a thug iad fainear do Shaothach eile 'bhi ga'n leantuinn. Cha do ro chòird a coltas ris a Chaiptein, agus ghnàthaich e gach meadhoin chum a seachnadh. Bha i a buidhinn orra gu bras, agus ann an uine ghoirrid chunnacas gu soillear nach bu shaothach marsandachd a bh' ann, ach Fear-reubain! Thog am *Pomona* an sin gach seòl a bh' aice a's chaidh gach ni uidheamachadh leis an sgioba chum iad féin a dhion. Cha robh air bòrd ach an Caiptein, da *mheat*, aon seoladair deug, agus dithis bhalachan, 's cha robh de dh'airm aca ach da chanan bheaga, agus seann chlaidheamh no dha. 'Nuair a thainig an namhaid dlù orra thog i suaicheantas na Spàinde ris a chrann, agus chunnaic muinntir na *Pomona* gu'n robh eadar ceud a's ceud gu leth air bòrd, 's gach fear dhiu air armachadh le claidheamh. Ann an tiota thainig sgioba thri bàtaichean gu taobh na Pomona, as dh' iarr iad biadh agus airgiod. Air do'n Chaptein (Mac-an-Rothaich) fhaicinn an staid chruadalach anns an robh iad agus co beag féum a bhiodh ann an oidheirp strì 'an aghaidh 'leithid de dh'aireamh, dh'aontaich e gach ni reusanta 'thoirt daibh, mur biodh béubanachadh sam bith air a thairgse dha fein no d'a sgioba; ach cha robh eneasdachd no truacantas ri fhaotainn 'an eridhe nan daoine borba so. Leum iad air bòrd a's ghabh iad seilbh air clar-uachdrach na Pomona. Ghairm Mac-an-Rothaich a chuid daoin' a thaobh' dh' fheuch am b' urrainn da còrda, air chor sam bith, ris nan naimhdean. Cha'n eisdeadh iad ri facal—thoisich iad air mortadh a's air spùinneadh. B'iad an Caiptein agus a cheud *mheat*, an ditbis a thuit an toiscach—le cheile air am mortadh leis na beisdein fuileachdach so. Chaidh na h-uibhir de'n sgioba a mhortadh mar an ceudna, agus leum cuid eile dhiu thar bòrd. 'An deigh am beagan a dh' fhuirich a bhéubanachadh air dhoigh oilleil cheangail siad iad le cordaibh, agus thilg iad air muin a cheile iad ann oisinn chumhainn. Spùinn iad an sin an saothach mar bu mhiann leotha, agus tholl iad an áite na dha i le torra, a chum 's gu'n rachadh i fodha!! Goirid an deigh dhaibh a fágail, chaidh aig na bha beo de'n sgioba air iad féin fhuasgaladh, agus bha iad air an teasruiginn latha na dha an deigh sin, le saothach eile du'n d'eirich a bhi dol seachad an uair bha iad an imis dol fodha. Cha ro beo dhiu ach an dara *meat* agus trì de na seoladairean, agus bha iad ann an staid dhéisnich. Chaidh gabhail ruitha gu caoimhneil, a's an cur air tìr 'an *Havana*, far an do gheall fear gnothaich Ban-righ Bhreautainn deagh aire 'thoirt orra gus am faighte seol air an cuir dachaidh.—'Nuair a rainig cunntas mu'n chuis oilleil so *Jamaica*, chaidh saothach cogaidh a chuir air deigh an luchd-reubainn. 'Se ar dochas gu'm faightear graim orra, as gu'n diol iad air-son an droch bheartaibh.

Fein-mhurtadh.—Thainig duin' uasal 'sa bhean, o chionn ghuirid, gu taigh-òsda measal ann an siorramachd Iuncaràir. Thaobh coltais cha robh gainneadh no bochduinn sam bith a' cur triobláid air an inntinn; bha iad fior chaoimhneil r'a cheile, agus a sràideamachd còmhla, gach latha, timchioll a' bhaile. An deigh deich làithean a chaitheadh mar so, air feasgar àraidh nuair a ghabh iad an dinnear, phaigh iad airson gach ni a fhuair iad a's dh'fhalbh iad a mach, ag radhainn gu'm biodh e anamoch mu'n tilleadh iad—gu'n robh iad a'dol a dh' amhare na dùcha le solas na gealaiche. Air maduinn an ath-latha bha fear-cosnaidh a' gabhail an rathaid ri taobh aibhne, mu thuaircam trì mile bho'n bhaile, agus thug e fainear ad duine, a's sròl boirrionaich, air ceann sgàilean gréine a bha air a shìthadh 'san talamh, beagan bho oir an uisge. Air dha scaltuinn 's an abhuinn chunnaic e corp fir agus mnatha nan slne taobh ri taobh, far nach robh ach beag doimhneachd uisge. Air dha cuideachadh fhaotainn ás an taigh bu dlùithe

do laimh, chaidh na cuirp a thogail a's an uisge, agus fhuaras iad ceangailte r'a chéile, gàirdean ri gairdean, le dà neabuigin, tè ghead a's te dhearg. B'iad so a cheart chàraid a dh' fhàg an taigh-òsd' air feasgar na h-oidhche roimhe. Ciod a bhuair iad gu crioch a chuir air am beatha féin, cha'n urrainnear innseadh. An nair a rannsaicheadh am pòcan cha d' fhuaras annt' ach ochdsgillinean deug a dh' airgead geall, a's da sgillin chopair, maille ri seann uaradair as tri séulaichean òir. Cha robh litir no paipear sam bith r'a fhaotainn a nochdadh co b'iad. Dh' fhag iad dà chiste leatharaich 'san taigh-osda, ach cha dh' fhuaras a bheag 'an sin na bu mhotha a dheanadh a mach co b' iad, no co dha a bhuineadh iad.

Beatha agus euchoan an laoich ainmeil urramaich, Seumas Greum, Moraia Mhontrois.

Cha bhòsd ri ràdhainn gu'n do dh' àraich Albainn barrachd mhac, a reir a sluaigh, a choisinn le 'm buaidhibh cliu neo-thasmhor na dh' ainmichear le rioghachd no cinneach eile fo'n ghréin. Air chùl nan arm 'an àm na teughhail, an ealantan ionnsachaichte an àm na sith, tha iad araon ainmeil. Cha'n eil duilleag de dh' Eachdraidh a thionndar 'far nach faicear an euchdan ri' luaidh, a's cha'n eil cearna de'n t-saoghal, bho eirigh gu laidhe greine, 's nach cluinnear sgéul air an cliu. Ach cha'n eil a rùn oirn aig an àm seo leudachadh air èuchdan nan Albanach gu leir, 's è bu mhiànn leinn cunntas a thoirt seachad mu dheighinn nan gaisgeach a chuidich, le'n gnìomharaibh, ainm nan Gaidheal a thogail suas agus a sgaoileadh thar gach tir. Na 'm measg seo s' gann gu'm beil neach a rinn barrachad na rinn am Flath cliùteach air am beil sinn a dol a dh' iòmradh. Air a ghinntinn de shlichd nan cuiridhnean calma' chuir stad air sgaothaibh fuilteach na Roimhe, bha còir aig air a bhith treubhach; ann 's gach linn bha shiunsreadh ainmeil am measg mhaithean na tìre. Bho' lathaibh Righ Fearghuis a II., cha'n eil coinneamh no còdhail, stri no cath san robh saors' agus sonas na h-Alba ri 'sheasamh, anns nach faighte ceann cinnidh nan Greunach an tùs na comhstri. Cha do dhiobair am fuiran òg seo cleachdadh na h-'aitim bho n d'thainig e. Bhuilich nàdar air, araon am pearsa 's an inntinn bnaidhean nach b'ainneamh, 's ged nach robh e ach ceithir-bliadhn deug 'n uar a thainig e 's taigh air an oighreachd le bàs athar (Morair Iain) anns a bhliadhna 1626, cha ghòraiche no mi stuamachd air an d'thug e n fhaire; lean e gu dealasach air inntinn oileineachadh anns gach Seors' ionnsachaidh a bha ri fhaotainn 's an ànn sin 'na dhùthaich. Bho nach d'fhàg athair de theaghlach ach esan 'na aonar, thug a chàirdean air posadh 's e òg, ach cha d'thug seo air lasachadh na rùn air aigne' dheasachadh, a chum dleasnais na h-inbhe airde anns an robh aige ri gluasad a coimhlionadh mar bu chuibhe dha. Air dha gach fòghlum a bha ri fhaighinn an Albainn ionnsachadh dh' fhalbh e thar fairge chum cleachdainnean rioghachdan aineoil fhaicinn 'sa thuigsinn, agus air tilleadh dha gu dhùthaich ann sa bhliadhna 1634, tha e iar innsidh nach robh neach eile 's an Roinn Eorpa bu coimhliont' anns gach gnàs a fhreagradh do dhuin uasal na esan. Bha chonspaid mhi shealbhach a dh'eirich eadar Righ Tearlach I. 's a shluagh air tòiseachadh a n uair sin, agus cha luathaidh a thainig Montròse do'n tìr na chaidh e 'm bnillsginn na h-iorghuill mu 'n d'fhuair e uine air a chuis a rannsachadh. Dian agus bras inntinneach mar bha è ghlac e cuis an t-sluaigh le uile chridhe. Chunnaig e gu'm robh an Righ ri ainneart air an t-sluagh an nair a theann e ri creideamh a' sparradh orra 'n aghaidh an tòile, agus le gràin air anaceartas, nadara do'n inntinn fhiughantaich, raighnich e n taobh bu laige. Shuidhich na Cumhnantaich ceathair chuirtean an Dun-Eidin ris an abairte na Buird, b' iad sin Bord nam Morairean, Bord nan Uaislean, Bord nam Bailtean mora, agus Bord nam Ministeirean, agus riutha seo bha cuis an t-sluaigh gu leir air earbsa. Ann sa bhliadhna 1639, air do'n iorghuill dol cho fad air a h-aghart 's nach robh dòchas gun còrdadh iad fein 's Righ Tearlach ann an sith, agus air do'n Righ feachd a thogail ann an Sasunn a los na cumhnantaich Albanach a chur fo smachd; dh' ordaich na Buird neart na h-Albann a thogail gu bhi ullamh airson gach ni a dh'fhaodadh eiridh a mach, ach an aite fnireach ri feachd an Righ a thighinn do'n rioghachd 's iad fein a thoisich an tùs ri comstri. Air di-haoine an naoimhe latha de'n mhàrt an sa bhliadhna 1649, ghlac *Sinilair Leslie* caisteal Dhun Eidin agus air Dio-donaich na dheigh ghlac na cumhnantaich Caisteal Dhunbreatuinn. Aig an àm cheudna cha robh cairdean an Righ nan cadal. Thoisich Morair Hunnduinn ri chuid dhaoine thrusadh 'san airde tuath, agus air dha a bhratach rioghail a thogail aig *Kintore* ghluais e gu Abaraidhin far an do ghabh e seilbh 'an ainm an Righ. Chual e anns a bhaile sin gu'n robh na cumhnantaich ri cruinneachadh ann an Turriff agus chuir e roimhe sgapadh a chur annta. Sgriobh e uime sin litrichean a dh' ionnsaidh a chairdean iad 'g a choinneachadh air a cheart latha 's an aite cheudna. Thuit tè deth na litrichean seo 'an lamhaibh Iarla Mhontrois, agus chuir esan roimhe, a dh'aindeoin co thciridh e gu'n deanadh e chairdean na cumhnantaich a dhion bho fhoirneart. A chum seo a dheanadh, ghrad chruinich e mu ochd ceud fear agus mhears e gu Turriff. Air do 'na Gordanaich tighinn air an aghart feadh an latha, b' ioghnadh leutha claogh a bhaile fhaicinn làn dhaoine fo'n armaibh agus gu h-araid 'nuair chunnaig iad an gunnaichean ullamh gu iosgadh orra thar balla chlaogha. Thill iad air an ais mun cuairt de dha mhille bho'n bhaile far an do stad iad gus an d' thainig an ceannard Morair Hunnduinn g' an ionnsaidh ach ged bha na Gordanaich corr is da mhile air lionmhoireachd cha do ghabh an ceannard misneach gu aghaidh a thoirt air Montròs ged nach robh aig ach ochd ceud fear.

(R'a bhi air a leantuinn' san ath aireamh.)

Leabhraichean ura Gaelig.

Eachdraidh a Phrionnsa, no bliadhna Thearlaich—le *Iain MacChoinnich, Ball de Chomunn Oisianach Ghlascho; de Chomunn na Gàelig an Lunnain, &c. Fear sgriobhaidh "Sar Obair nam Bard Gàelach, agus Eachdraidh beatha nam Bard," &c., &c., &c.*

Chaidh sinn troimh an leabhar seo bho thoiseach gu deireadh, cha b'ann gun chràdh inntinn no gun ruthadh gruadhach ri faicinn an riaslaidh agus an ablachaidh a rinneadh leis an ughdair air seanachas cuimhneachain an laoich rioghail, Tearlach Stiubhart, (ris an abairte gu fior Prionnsa nan Gaidheal.) agus nan gaisgeach fearail a dh'eirich leis anns a bhliadhna 1745. 'S ciuntaech sinn nach 'eil an dingh anns an Roinn Eorpa, cainnt eil' anns am biodh a' chridh aig neach leabhar a' chur a' mach far am faicte folluiseach, aineolas, di-fiosrachaidh agus cion-curaim cho iomarcach agus cho soilleir 's a chithear anns an leabhar seo. 'S goirid an uine bho' n dh'fhaodadh gach neach a thairrneadh camacha dubha air paipeir, leabhar a chur a mach 's a ghaidhlig gun eagal bèuma no cronachaidh bho theanga sgeileadair no bho bhèul caraid; ach tha 'chuis a' nis iar atharachadh, rinn Gràmaran an Stiubhartaich, an Rothaich agus an Fhoirbeisich, suilean nan Gaidheal fhosgladh, agus ged tha iad fathast tuille is fàbhorach ri oibrichibh mi-loineil bheadagan bathaiseach nach fios c'iu 's laotha 'naire no 'n eanachainn, gidheadh 's math is faithne dhaibh co 'chuireas gaidhlig an ordugh air shéol ceart, agus 'g am faithne snas-chainnt a' chur sios a' réir riaghailtean gramarail. A chum 's gun tuigeadh iadsan do nach d' éirich an leabhar seo 'cheannach an cùmhradh a tha dhith orra, cuiridh sinn sios sgobaidhnean an siud 's an seo mar a thig iad gu 'r laimh; a' gealltainn gu 'm bi iad iar an cur sios, direach mar a tha iad anns an leabhar fein. Chi sinn aig a thoiseach. "Tha an leabhar so iar a chur a mach fo thearmunn an uasail oirdheirc, agus ionnsaichte Tearlach Imhear Stiubhart, &c., &c. *fo iomadh Comain an ughdair, Iain MacChoinnich.* 'Nise 's tric le muinntir a dh' iarras fàbhor, aideach gu'm beil iad fo chomain do neach a ni fabhor riutha ach tha Iain MacChoinnich na 's airde beachd, tha e 'g aslnchadh tearmuinn an Uasil Stiubhart 'an aobhar a leabhair, agus aig an àm cheudna 'cunnail a mach gu 'm beil an t-uasal sin "*fo iomadh comain an ughdair.*" Dh' fhaoite gur h-è seo cuid de 'n t-seana ghaidhlig a tha è g' ainmeachadh beagan dhuilleag 'na dheigh seo, far am beil è 'cur 'an teagamh nach tuigear a chainnt a thaobh sinid a bhrathrastan agus a bharrasgoileireachd; mur h-i seo a chainnt a ta fearsgriobhaidh eachdraidh na gaidhlig ag innseadh dhuinn a labhradh leis na bruidean ma 'n do chruthaicheadh Adhamh, cha 'n aithne dhuinne c' aite 'n do labhradh riabh i, ach mu bharra-sgoileireachd Iain mhic Choinnich, 's è ar barail gur h è b'fhearr a b' ainm dhi sgopsgoileireachd, mar a nochdar leinn ma 'n dealaich sinn. Air taobh duilleige 11, tha na briathran seo; "Anns a bhliadhna 1645, chuir iad (*na gaidhil*) latha Chill-Saoidh an aghaidh Righ Shasuinn, ann an aobhar Sheumais an III. Righ Alba." Dh' fheoraichmid, am b' urrainn cion fiosrachaidh dol na b' fhaide na seo? Co 'm balachan is urrainn lèughadh aig nach 'eil fios gu'n do mhortadh Righ Sèumas a III., anns a bhliadhna 1488 aig *Bannockburn*, gidheadh tha Iain MacChoinnich ag radhainn gu'n robh è beo 'sa bhliadhna 1645 ma chreideas sinn e. Air taobh duilleige 15 chithear—" Bho'n àm sin (1715) a nios gu bliadhna Thearlaich (1745) &c., thog iad tri daighnichean (no Gearasdanan) ann an Siorramachd Inbheirneis, &c." A' ciallachadh Aird nan saor, Cille-Chuimein agus Inbhurlochaidh. Tha fios againn gu'n do thog *Cromwell* Gearasdan ann an Inbhurlochaidh agus gu'n do thogadh as ur e le Righ Uilleam a III. ma'n d'thainig Righ Deorsa riabh a *Hanover*, agus tha fios againn nach do thogadh Gearasdain Aird nan Saor 'us Chille Chuimein gu deigh bliadhna Thearlaich, ach 's leoir seo airson eolais agus fiosrachaidh ughdair an leabhair seo 'nochdadh anns an t-sealladh cheart. Cuiridh sinn a nis an sios beagan de ghaidhlig ghallda 'n sgriobhadair seo, a leigeas ris a shnas-chainnt. Air taobh duilleige 12. Chithear "air di-sathurn thainig an da armailt an fradhare a cheile, ma thuiteam na h-oidhche bha iad *nan dithist* air "Sliabh an t-siorraimh." *Dithist Armailteant!* sin agaibh gaidhlig ùr. Air t. d. 14, "*a' cumseachadh ri Gàel* tapaidh a thuit." Nach blasda' chainnt sin? Air t. d. 42, "a dh' ionnsaich e *le thainig* e dh' Alba." Cha ghaidhlig Albannach seo. Air t. d. 44, "Cha luaithe fhuair iad *crathadh an fhir* de laimh nihin an Diuc." Am b'aill leat gu'm faighcadh iad crathadh na mnatha, Iain? Air t. d. 47, "Air faighinn nam bataichean deas air *an cuan.*" Sin thu MhicChoinnich! Cha bu chìl air an casaibh iad. Air t. d. 199. "Anns an robh e *dha fhalach fein.*" Cia mar a fhreagradh, bho fhalach fein duit ughdair? Air t. d. 202. "Cho luath 's a

chuir Fear Chise Borgh Tearlach a steach do Sheomar mor nan Aoidhean, *Chaidh e thogail bean an taighe.*" 'S olc nach d' innis thu 'cuidhrom' dhuinn mar an ceudna. Air t. d. 194. "An t-ainm a ghuirear de *dh ionad fhalach Thearlach.*" Ach c' arson a leudaicheadh-mid air mearachdan cho lionmhor; tha e soilleir nach aithne do 'n ughdair tri facail a chur 'an ordugh ceart, ann an litreachadh no 'n claonadh, agus ma dh' eirich dha cainnt cheart a sgriobhadh ann an aite no 'n aite, 's dearbhte gur h-ann bho thuiteamas 'a thachair dha 'dheanamh; cha 'n ann bho' ionnsachadh. Chithear ainmeanan ann an aon aite firionnta agus na h-ainmeanan ceudna ann an ait' eile boirionnta. Chithear iad anns an chor ainmeach 'n uair bu choir dhaibh a bhi anns a chor bhuinteach. Chithear iad anns a chor bhuinteach an uair bu choir dhaibh a bith anns a chor roi-lideach; cha 'n 'eil duilleag air an scall sinn anns nach 'eil mearachd air mnin mearaichd, agus b' e ar comhairle dhùrachdach do 'n uzdair e 'leigeadh dheth sgriobhaidh, agus tionndadh ri ceaird onaraich sam bith leis am faigheadh e teachd an tir agus aodach, oir 's cinnteach sinn nach cuir na 'sgriobhas e air an doigh seo, airgiod 'na phoca no cliu air ainm; na mealladh sè e fein agus na tugadh e feairt air luchd miodail; ged rinn an luchd dealbh-bhreacaidh an cuid fein deth le ragha paipeir agus ailtbhreacadh agus ged bhiodh an leabhar iar a sgriobhadh ann an sàrghaidhlig Albannaich, bhiodh e daor, daor air tri tasdain an aite nan coig sgilleanan gealla sasunnach, mar a phàigheas gach neach a cheannachas e ma'm faigh se 'na dhorn e, ach 's e ar barail gur h-ainneamh iad a dh iarras seilbh air.

An Tiomnadh Nuadh.

Tha clò-bhualadh ùr de'n Tiomnadh-nuadh dìreach air tighinn a mach, agus their sinn gun ag, nach faca sinn an leabhar ceudna air a chlò-bhualadh riamh cho saor o mhearachdan. Bha so' an earbsa ri duin' uasal a thatar a cunntas na sgoilear ainmeil gaelig, agus gu dearbh cha lughadaich an cùram a ghabh e de'n obair so a chliù. Mar a bha'n leabhar a' dol troimh 'n chlò chaidh na h-uibhir de a thoirt fo bheachd cuid de mhinisteiribh Gaidhealach air feadh na dùcha, agus thug gach fear dhiobh, fa leth, a bharail gu'n robh gach atharachadh a chunnaic e ann na leasachadh mòr. Tha buaidh eil' air nach measa—a bhi na's saoire na h-aon a chaidh roimhe. Gheabhar an nis' an Tiomnadh-nuadh, na sailm, na laoidhean, na dàin naomha, &c. agus da shéisd deug 'ar fhichead, ceangailte ri'cheile,—agus so uile air-son aon tastain! Tha e mar an ceudna flor ghoirreasach air-son a phòca; cha'n eil e ach ceithir òirlich gu leth air fad, trì òirlich air léud, agus gann trì cheathramhnan an òirlich air tiughad.

Chaidh ioma leabhar eil' a chuir a mach anns a ghaelig bho chionn bliadhna; ach cha'n urrainn duinn labhairt mu thuile dhiubh aig an am. Chìtear an ainm 's am pris mar a leanas.

PRIS LEABHRAICHEAN GÀIDHEALACH.

	£	s.	d.
An Cogadh Spioradail: Searmon le Tormaid MacLeòid, D.D.,	0	0	3
An Eaglais Choitchionn; no, Eachdraidh na h-Eaglaise,	0	0	6
An Tiomnadh Nuadh maille ris na Sailm, na Laoidhean na Ceisdean agus da Sheisd deug 'ar fhichead,	0	1	0
An t-Iomhas; no Co-chruinneachadh de Dhàin Spioradail,	0	0	3
Aireamh Thaghta de Shearmonaibh an Ollamh E. Blair,	0	2	6
An Camadh 's a' Chranchur; no, Gloicas agus Ard-Uachdranachd Dhé air an Foillseachadh ann an Amhgharaibh Dhaoine. Le Iain Buinian,	0	2	6
An Teachdaire Gàelach, o Bhealltuinn, 1829, gu Bealltuinn, 1831,	0	12	0
Adhamh agus Eubha; no, Craobh-Sheanachais nan Gàel,	0	1	0
Beatha Agus Iompachadh Dhughaill Bochannain, Maille r'a Laoidhean Spioradail,	0	2	0
Cuairt an Eilthirich; no, Turas a' Chriosduidh o'n t-Saoghal so chum an t-Saoghal ri Teachd. Le Iain Buinian,	0	3	0
Cuairtean nan Gleann, dà fhichead aireamh, gach h-aon,	0	0	6
Ceann-Iuil an Fhir-Imrich do dh'America mu thuath,	0	1	0
Companach do Luchd-Dròin; no, Comhairle Chrìosd d'a Mhàthair: maille ri Roinn de Litrichibh S. Rutherford,	0	2	0
Dàin Spioradail. Le P. Grannd,	0	1	3
Dàin Spioradail. Le D. Buchannain,	0	0	3
Dàin a Chòmhnadh Cràbhaidh. Le Seumas Mac-Ghriogair,	0	1	0
Dealbhan agus Gearr-Naigheachdan o'n t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh,	0	0	4
Eachdraidh Fhirinneach ma'n Chogadh Naomh a rinneadh le Righ Saddai ri Diabolus, a chum Ard-Bhaile an t-Saoghail Ath-Bhuaaachd; no, Call agus Ath-Ghlacadh Baile Anam an Doine. Le Iain Buinian,	0	3	0
Eachdraidh Ioseph, Mhic Iacoib,	0	1	0
Earran De'n Leabhar Cheasnuiche Aithleasuichte; a ta nochdadh Teagaisg Rùin agus Nòis Na Papanachd, &c.,	0	0	4
Earail Dhùrachdach do Pheacaich Neo-Iompuichte. Le I. Ailein,	0	1	6
Gràmar Gaelig le Seumas Mac-in-Rothaich,	0	4	0
——— le Iain Foirbeasach,	0	4	0
Leabhar Aithgherra nan Ceisd,	0	0	1
——— Cheisd na Mathar,	0	0	1
Leabhar-Ceasnachaidh mu Ordugh a' Bhaistidh, chum Paranran Og a chuideachadh gu Beachd Sgriobtarail a ghabhail air Brigh an Ordugh so,	0	0	6
Leabhar nan Cuac: Comh-Chruinneachadh de Nithibh Sean agus Nuadh, airson Oilean agus Leas nan Gàidheal. Le Tormaid MacLeòid, D.D.,	0	2	0
Leabhar-Ceasnachaidh an Og Luchd-Comunnachaidh; no Còmhnadh, araon aithghearr agus soilleir, chum Muinntir Og a Sheoladh agus Ullachadh chum Teachd air Mhodh Iomchuidh gu Bord an Tighearna,	0	0	8
Maighistir na' Modhannan, (*or the Gentleman's Book of Etiquette,*)	0	0	6
Nàdur an Duine 'na Staid Cheithir-Fillte; no, Staid Ceud Iomracais, Staid Truailleachd Iomlan, Staid Saorsa air Tòiseachadh agus Staid Sonais no Truaighe Iomlan;—ann an Cinn-Teagaisg fa leth,	0	4	0
Nighean an Airich; Cuntas Fìrinneach agus Cuidhromach, ann an Cóig Earrannaibh,	0	0	6
Seòladh agus Misneach do Neach a tha fo Iomagain ag Iarraidh an Deigh Slainnte,	0	0	6
Searmonan Dùthcha; no, Teagasgan Aithghearr agus Soilleir chum Feum Theaghlaichean, Sgoilean agus Comunnan Cràbhach. Le G. Burder,	0	2	6
Searmona, le Ebhbhann Mac-Dhiarmaid,	0	5	0
Searmona, le D. Dewar, D.D.,	0	1	6
Thig Agus se do Bheatha chum Iosa Criosd. Le Iain Buinian,	0	2	0
Urnuighean airson Teaghlaichean, &c. Le I. Smith, D.D.,	0	0	6

Féil na Manachainn.—Bha dùmhalas mòr feudalach air an fhéil so. Cha robh am margadh ro bhrisg ach bha prìsean daonnan co math a's air an fhéil mu dheireadh. Bha iad a ruith mar a leanas:—Tri bhliadhnaich dhamh o chòig puinnd 'sa còig gu seachd puinnd 'sa 'deich; da-bhliadhnaich o sheachd deug 'ar fhichead a's sea sgillinnean gu còig puinnd a dhà a's sea sgillinnean; sea-raighich o dhà phunnd shasunnach gu trí puinnd 's a deich; da-bhliadhnaich aighean o dhà phunnd 'sa deich gu ceithir piunnd seachd a's sea sgillinnean. Bha mòran chaorach a làthair cuidcadh. Chaidh muilt (luchd nan aodanan dubha) a rcic o dheich a's sea sgillinnean gu còig tastain deug, agus caoirich sheasg o chrùn gu sea tastain; caorich sheasg, nan aodanan geala, o ochd tastain gu h-aon deug; uain, nan aodan dubha, o cheithir a's sea sgillinnean gu seachd tastain. 'S duilich leinn a ràdhainn gu'n dh'fhàg mòran cruidh a's meana-chruidh am margadh gun mharsand fhaotainn.

Margainnean.

Dailche, *an t-ochdamh 'ar fichead de'n mhios a dh'fhalbh.*—Min-choire' an sac (280 punnd) o naoi tastain fhichead gu h-aon deug 'ar fhichead a's sea sgillinnean; min eorna o cheithir tastain fhichead gu còig 'ar fhichead a's tri sgillinnean; min pheasaraich tastan 'ar fhichead.

Aira, *an naoidheamh la fichead.*—Feudail; crodh bainne o chòig painnd shasunnach gu aona ghuinea déug; mairt-theoil o ochd tastain gu ochd a's sea sgillinnean a chlach throm; muilt dhubh-cheannach, o thrì tastain deug gu ochd deug; coirich sheasg o dheich gu trì tastain deug.

Glascu, *an t-ochdamh la fichead.*—Dha mòran de dhroch fheudail's a' mhargadh air an la so, agus prìsean mu thrì sgillinnean a chlach ni h'isle na air an t-seachduin roimhe; caoirich tastan an cean ni h'isle.

Liverpool, *an seathamh la fichead.*—Cloimh smiuirte o ochd a's sea sgillinnean gu naoi as sea sgillinnean a clach shingilte; clòimh gheal o dhasan tastan gu dha dheug a's sea sgillinnean.

Glasche, *an deicheamh latha fichead.*—Bha seann chàise ga reice an duigh o choig a's dà fhichead gu leth cheud tastan, an ceud cudthrom; cais ur o sheachdeug 'ar fhichead gu da fhichead tastan. Im ùr aon sgillin deug am pannd; im Eirreannach ochd a's honn-a-sea am pannd. Uibhean, o naoi sgillinnean gu tastan an dusan; uibhean cheare tarcach coig sgillinnean deug. Eireagan o ochd sgillinnean deug gu dhà a's sea-sgillinnean a phaithear. Tunnagan, dhà a's tri sgillinnean a phaithear.

Facal 'san dealachadh.

Tha sinn a cuir na h-aireamh so de'n Tearbdaire, gun uibhir as "fathur le rabhadh an coin," a dh' ionnsaidh nan càirdean sin a lean gu dìleas ris a "Chuairtear" fhad 'sa bu bheoth e. Mar faidh sinn athrachadh fios bhuap' air a mhios so, bithidh sinn a' cunntas gu'n nochd iad an càirdean ceudna do'n Teachdaire, gu'n gabh iad ris go suilbhearra, agus gu'n paigh iad gu pongail air a shon. Bithidh sinn fad' nan comain mu sgnoileas iad forghais mu bhreith an Teachdaire 'bhos a's thall. Innseadh iad do gach neach leis am miann fhaotainn gu'n ruig e iad leis a phosd gu ringhailteach, gu ceann sea miosan 'ma chuireas iad ochdsgillinn deug g'ar n-ionnsaidh 'nan broinn litireach, no, ma se is goirriseach leotha, dusan gu leth de *postage stamps.* Tha e co saor—*tri sgillinnean sa mhios*—a's nach eil caileag shearbhainte no buachaile laogh, 'sa Ghaidhealtachd nach faod ruighcachd air.

Sanas.—Tha dhith oirnn triuir no ceathrar de dh' òganaich chruadalach thapaidh, fo fhichead bliadhna, a labhras gaelig, agus a gheabh urras ann an suim chòig punnd sasunnach, a shiubhal air feadh nan dùchanan le leabhraichean gaelig, agus a thrusadh chunntas air ar son. Bithidh a choir' aca fein mur dean iad air a' chuid a's lugha, deagh thurasdal ciobair deth. Cha bhac sinn daibh a bhi mallairt ann am bathar eile mus miann leotha.

Published by J. & P. Campbell, 24 Glassford Street, Glasgow.

Edward Khull, Printer to the University.